

NEACH-TIONNSGAIN CARTHANNACH

Airson còrr is 30 bliadhna tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith na cheannard ann a bhith a' comharrachadh feumalachdan carthannach agus a' cur air bhonn agus a' toirt carthannais air adhart airson dèiligeadh riutha. Bho chiad làithean de The Prince's Trust ann am meadhan nan 1970an tha ùidhean carthannach air fàs chun na h-ìre an-diugh far a bheil a phrìomh 20 carthannas a' riochdachadh, mar bhuidheann, an iomairt carthannach ioma-adhbhar as motha anns an RA. Tha meud na h-obrach cho mòr gun robh a Mhòrachd Rìoghail ann an 2008-09 a' cuideachadh gu dìreach no gu neo-dhìreach ann a bhith a' togail cha mhòr £130 millean airson taic a thoirt do obair Charthannas a' Phrionnsa. A thuilleadh air an sin, tha am Prionnsa air sia iomairtean sòisealta a stèidheachadh agus tha na prothaidean bhuapa sin air an toirt do charthannas.

CLÌ

Prionnsa na Cuimrigh a' bruidhinn aig Duaisean Urras a' Phrionnsa & RBS Celebrate Success 2009 aig an Odeon, Ceàrnag Leicester ann an Lunainn, sa Mhàrt 2009.

£130 MILLEAN DHA CARTHANNAS

Mar neach-tionnsgain carthannach, 's dòcha gur ann airson Urras a' Phrionnsa, carthannas a tha a' cuideachadh dhaoine òga le trioblaidean no aig nach eil mòran chothroman gus faighinn thairis air na cnapan-starra ris a bheil iad a' coinneachadh agus soirbheachadh nam beatha, a stèidheachadh as fheàrr a tha aithne air Prionnsa na Cuimrigh. Ann an iomadh dòigh tha an t-Urras, a chaidh a stèidheachadh o chionn 33 bliadhna, a' toirt deagh eisimpleir dhen dòigh anns a bheil a Mhòrachd Rìoghail a' dèiligeadh ri tionnsgaineachd carthannach. An toiseach tha e a' comharrachadh feum nach eil air a fhrithealadh, agus an uair sin a' stèidheachadh carthannas a lionas am beàrn, mus tèid e air adhart gus ceannas a bhith aige air a ro-innleachd agus a stiùireadh agus airgead a thogail a mhaoinicheas an obair aige.

Ann an 2008-09, chuidich am Prionnsa, gu dìreach no gu neo-dhireach, gus £130 millean a thogail airson taic a thoirt dha obair a 20 prìomh bhuidhnean carthannais. A thuilleadh air an sin, tha Am Prionnsa air sia iomairtean sòisealta a stèidheachadh agus tha am prothaidean a' dol gu carthannas.

Ged a tha gach Carthannas na bhuidheann neo-eisimeileach le Bòrd Urrasairean air leth, tha iad uile ag obair còmhla taobh a-staigh buidheann The Prince's Charities le Sir Tom Shebbeare air a ceann. Tha iad ag obrachadh gu dlùth air nithean mar riaghladh corporra, togail maoin, planadh, conaltradh, goireasan daonna agus rannsachadh gus co-obrachadh, èifeachdas agus cosg-èifeachdas uas-mheudachadh.

'S e bith-bhrìgh buidhinn shoibheachail sam bith a th' ann am beachdan agus tha Prionnsa na Cuimrigh air sruth sheasmhach de rannsachadh agus tairgsean leasachaidh a thòiseachadh thar nam beagan bhliadhnan mu dheireadh, nam measg aithis air dùil obrach dha daoine thar 50, measadh ro-innleachdail a' mhargaidh "a' toirt le coibhneas" anns an RA, agus rannsachadh air luach eaconamach bailteachas traidiseanta ann an leasachadh thogalaichean agus talmhainn.

Am measg iomairtean ùra a' Phrionnsa an-uiridh, chaidh Comhairle Charthannas a' Phrionnsa a stèidheachadh. Tha dà phrìomh amas aig a' bhuidhinn: a' toirt comhairle ro-innleachdail dha carthannais gus dèanamh cinnteach gum mair iad san fhad-ùine; agus, san dara àite, a' cruthachadh lìonra nas farsainghe gus ro-shealladh a' Phrionnsa airson nan carthannas a neartachadh.

Cuideachd ann an 2008-09, chaidh Urras Charthannais a' Phrionnsa (Sìne) a stèidheachadh gu foirmeil ann an Hong Kong, gus cuideachadh a thoirt dha prìomh charthannais a' Phrionnsa an cuid obrach a leudachadh a Shìne, agus airson cothrom a thoirt dhaibh ann a bhith ag obrachadh còmhla ri an compàirtichean Sìneach.

Tha a' mheur ùr seo de Urras Charthannais a' Phrionnsa ag amas air a bhith a' toirt cuideachadh gnìomhach dha daoine às an Rìoghachd Aonaichte agus à Sìne airson obrachadh còmhla gus na tha iad fhèin a' meas cudromach sa chultar agus san dualchas aca a ghleidheil. Tha mu thràth, iomairtean an cois a tha a' dèanamh rudan cho eadar-dhealaichte ri a bhith ag ais-thogail na th' air fhàgail dha na seann Hutongs ann am Beijing; a' toirt comhairle dha daoine agus dha gnothachasan ann an Chinatown ann an Lunainn a thaobh ath-dhealbh agus ath-nuadhachadh na sgìre gus a dhèanamh nas Sìniche; agus ag ùrachadh ceòl clasaigeach Sìneach le a bhith a' toirt taic dha Maighistirean Guqin, an ionnsramaid theudach as sine san t-saoghal, agus a th' air aithneachadh mar aon dhe na Ceithir Ealain de "dh'àrd chultar" Sìneach, còmhla ri grinn-sgrìobhadh, peantadh agus tàileasg.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Robin Williams, ann an taigh-dhealbh Wimbledon, Lunainn, an dèidh dha pàirt a ghabhail ann an cluich gus cuideachadh a thoirt dha Urras a' Phrionnsa, san t-Sultain 2008.

Prionnsa na Cuimrigh a' bruidhinn air tachartas Gnothachas sa Choinhearsnachd aig Lùchairt an Naoimh Seumas sa Ghearran 2009.

Comment: ABOVE FROM TOP TO BOTTOM...

AN ÀRAINNEACHD THOGTE

THE PRINCE'S FOUNDATION FOR THE BUILT ENVIRONMENT
THE PRINCE'S REGENERATION TRUST
TURQUOISE MOUNTAIN
THE GREAT STEWARD OF SCOTLAND'S DUMFRIES HOUSE TRUST

Comment: THE BUILT ENVIRONMENT...

GNOTHACHAS CUNNTACHAIL

BUSINESS IN THE COMMUNITY
THE CAMBRIDGE PROGRAMME FOR SUSTAINABLE LEADERSHIP
SCOTTISH BUSINESS IN THE COMMUNITY
IN KIND DIRECT
ARTS & BUSINESS

Comment: RESPONSIBLE BUSINESS...

COTHROM & IOMAIRT

THE PRINCE'S TRUST
THE PRINCE'S SCOTTISH YOUTH BUSINESS TRUST
THE PRINCE'S YOUTH BUSINESS INTERNATIONAL
PRIME
PRIME-CYMRU
THE BRITISH ASIAN TRUST

Comment: OPPORTUNITY & ENTERPRISE

FOGHLAM

THE PRINCE'S DRAWING SCHOOL
THE PRINCE'S SCHOOL OF TRADITIONAL ARTS
THE PRINCE'S TEACHING INSTITUTE
THE PRINCE'S FOUNDATION FOR CHILDREN & THE ARTS

Comment: Education

CARTHANNAIS A' PHRIONNSA & URRASAN CHARTHANNAIS A' PHRIONNSA

Comment: Logo

IOMAIRTEAN SÒISEALTA

DUCHY ORIGINALS
NORTH HIGHLAND INITIATIVE
TRADITIONAL ARTS LTD.
TURQUOISE MOUNTAIN ARTS
THE HIGHGROVE SHOP
THE PRINCE'S CHARITIES EVENTS LTD.

Comment: SOCIAL ENTERPRISE...

SLÀINTE

THE PRINCE'S FOUNDATION FOR INTEGRATED HEALTH

Comment: HEALTH

Tha mion-fhiosrachadh mun 20 carthannas cuide ri fiosrachadh co-cheangail ri fhaighinn air taobh-duilleig 60 den Sgrùdadh seo agus aig www.princescharities.org

Comment: Details of the 20 charities, along with contact information...

Ann a bhith ag obair còmhla tron Urras, thathar an dòchas gun ionnsaich daoine às an Rìoghachd Aonaichte agus à Sine na cleachdaidhean agus an dualchas a th' air mairsinn thar nan linntean, 's gun cuidich iad ann a bhith gan toirt seachad dha na ginealaichean ri thighinn. Nuair a choinnich am Prionnsa agus Prìomhaire Hu Jintao ann an Lunainn sa Ghiblean 2009, neartaich an co-obrachadh eadar Carthannais a' Phrionnsa, roinnean an Riaghaltais Shinich agus buidhnean neo-riaghaltasach.

Cuideachd chaidh làrach-lìn coimhearsnachd ùr a chur air bhog sa Chèitean an-uiridh - <http://princescharities.org>. Tha an làrach-lìn a' toirt fiosrachadh chun na mionaid mu obair Charthannas a' Phrionnsa, le naidheachd, fios mu thachartasan agus mu chothroman saor-thoileach. Ro dheireadh na bliadhna, bha còrr air 2000 neach air clàrachadh nam "Buill Coimhearsnachd". Tha an làrach-lìn a' toirt fiosrachadh dha na buill bho na carthannais, bhlogaichean bho luchd-obrach sna carthannais, chothroman sònraichte airson tachartasan cathrannach, agus a' chothrom gus farpaisean feuchainn agus duaisean air leth a bhuannachadh.

Am measg nan iomairtean sòisealta a tha Prionnsa na Cuimrigh air stèidheachadh, tha Iomairt na Gàidhealtachd a Tuath, aon à

àireamh de dh'iomairtean margaidheach airson tuathanach (FMLan) a tha a Mhòrachd Rìoghail air cur air dòigh sna bliadhnan mu dheireadh. Tha na compàirtichean airson tuathanasan beaga a chuideachadh ann a bhith a' tighinn ri chèile agus ag obrachadh ann an dòighean ùra gus am mair iad mar ghnòthachasan a tha seasmhach gu malairteach agus a thaobh na h-àrainneachd. Mar eisimpleir, chuidich Iomairt na Gàidhealtachd a Tuath ann an Alba, agus Iomairt a' Mhonaidh Chambrian sa Chuimrigh tuathanaich luach a chur ris a' bhathar aca tro ro-innleachdan margaidh nas fheàrr. Cuideachd, tro bhith a' tasgadh ann an coimhearsnachdan dùthchail, tha na FMLan a' toirt taic dhan àrainneachd thogte agus nàdarraich, agus dha turasachd cuideachd.

COTHROM AGUS IOMAIRT

Tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith a' feuchainn airson iomadh bliadhna, tro a bhuidhnean carthannais, ri daoine a chuideachadh gus an tàlant agus an comas a choileanadh, biodh sin le bhith a' toirt taic do dh'fhìr agus mnathan òga aig nach eil cothrom tro obair Urras a' Phrionnsa, no le bhith a' toirt taic do dhaoine nas aosta tro a bhuidheann carthannais PRIME (The Prince's Initiative for Mature Enterprise), an aon bhuidheann nàiseanta coisrigte gu bhith a' cuideachadh dhaoine a tha còrr is aois 50 tòiseachadh ann an gnothachas.

'S e Urras a' Phrionnsa an carthannas as sine agus as ainmeile aig a' Mhòrachd Rìoghail. Stèidhich e a' bhuidheann ann an 1976 le £7400, am pàigheadh sgaraidh a fhuair e nuair a dh'fhàg e an Cabhlach Rìoghail. Tha an carthannas seo ag amas air daoine òga, eadar 14 agus 30 bliadhna a dh'aois na comasan aca a chur an cleachdadh, agus air an cuid beatha atharrachadh gu mòr le a bhith a' toirt trèanadh agus cuideachadh dhaibh. Tha e cuideachd a' toirt cuideachadh ionmhasail dha luchd-tionnsgain. Gach bliadhna, tha Prionnsa na Cuimrigh a' dol gu raon farsaing de thachartasan, cuirmean agus coinneamhan airson an Urrais. An-uiridh, sa Chèitean, chaidh Club Gnothachais Urras a' Phrionnsa a chur air bhog gus 25 bliadhna dhen Phrògram Gnothachais a chomharrachadh - iomairt dhen charthannas a tha air cuideachadh a thoirt dha còrr is 70,000 neach òg gus an cuideachadh ann a bhith a' cur air dòigh gnothachas.

Chuir am Prionnsa an club air bhog, a tha ag amas air a bhith a' toirt comhairle agus taic leantainneach dha gnothachasan a tha air cuideachadh fhaighinn bhon Urras, aig co-labhairt ann an Lunainn. Air beulaibh luchd-èisteachd san robh luchd-gnothachais cudromach, agus Alastair Darling, an seansalair, thuit am Prionnsa gun robh am prògram gnothachais air "tasgadh luachmhor" a chur dhan dùthaich. Tha an Club Gnothachais ùr fosgailte dha gnothachas sam bith a fhuair taic bhon Urras nuair a bhios iad air an t-àm dioladh an iasaid a chrìochnachadh a mhaireas trì bliadhna. Bheir e cothrom dha alumni Urras a' Phrionnsa tuilleadh comhairle agus taic fhaighinn ann an dòigh leantainneach, agus thuit a' Mhòrachd Rìoghail gun robh e an dòchas gun toireadh e cothrom dhan feadhainn a bha air cuideachadh fhaighinn bhon phrògram tilleadh gus cuideachadh a thoirt dha feadhainn eile sna làithean romhpa.

An-uiridh, chaidh pròiseact dhe a leithid a chur air dòigh le meur Chuimreach a' charthannais gus luchd-tionnsgain às a' Chuimrigh a chuideachadh, agus san Dàmhair 2008, chaidh a' Mhòrachd Rìoghail gu ath-bhogadh de Phrògram Gnothachais na Cuimrigh Urras a' Phrionnsa ann an Gwent. Tha am prògram, a chaidh a chur air dòigh ann an 1985, ag amas air cobhair a thoirt dha còrr is 400 gnothachas sa Chuimrigh sna trì bliadhna ri teachd. Tha e air a thuairmse gum faodadh am pròiseact suas ri £4 millean a thàrnachadh airson eaconamaidh na Cuimrigh, ma thèid an targaid a ruighinn. A' bruidhinn ri mòran de luchd-tionnsgain òg aig Institiùd Mhèinneirean Llanhilleth, a bh' air ath-ùrachadh, thuit am Prionnsa, "Tha mi a' làn chreidsinn gum bu chòir cothrom a thoirt dhan òigridh air fad airson soirbheachadh nam beatha, ge bith dè na cnapan-staraidh ris an coinnich iad".

Air 60mh co-là-breith a' Phrionnsa, san t-Samhain 2008, chaidh am Mòrachd Rìoghail gu Ionad Coimhearsnachd Beckton air taobh an ear Lunainn. An sin, chuir a' Mhòrachd Rìoghail air bhog a' chiad Sheachdain na h-Òigridh riamh aig Urras a' Phrionnsa, anns an robh iomairt seachd-latha airson iomhaigh òigridh 's na thèid aca air a dhèanamh nan coimhearsnachdan àrdachadh.

Mar phàirt dhen iomairt, chaidh 50 Ball Pàrlamaid a leantainn tron t-seachdain le daoine òga a tha air cùrsa am beatha atharrachadh gu mòr ri linn Urras a' Phrionnsa.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Prionnsa na Cuimrigh a' coinneachadh ri buill de phrògram 'Sgioba' Urras a' Phrionnsa 's e a' tadhal air Stèisean nam Poileas ann an Charing Cross, Lunnainn, sa Ghiblean 2008.

Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn a' coinneachadh ri òigridh aig pròiseact Urras a' Phrionnsa ann an Ionad Coimhearsnachd Beckton, ann an Lunnainn san t-Samhain 2008.

Comment: ABOVE FROM TOP TO BOTTOM...

Am measg na choinnich am Prionnsa aig tachartas na 25mh bliadhna de Phrògram Gnothachais Urras a' Phrionnsa, bha Gina Moffat, 30, a tha air gnothachas fhùraichean soirbheachail, Blooming Scent, a stèidheachadh ann an ceann a Tuath Lunainn.

Bliadhna ron tachartas, bha Ms Moffat a' cur seachad ùine ann am prìosan airson eucoirean dhrogaichean. Fhad 's a bha i sa phrìosan, ghabh i cùrsa ann am flùradaireachd, agus leig Riaghaladair a' phrìosain dhi an gnothachas aice fhèin fhosgladh.

An dèidh dhi faighinn a-mach às a' phrìosan san Fhaoilteach, fhuair i iasad £4000 bho Urras a' Phrionnsa airson 's gum faigheadh i air a bùth fhèin fhosgladh. Thuir Ms Moffat: "Dh'fhaighnich am Prionnsa domh mar a bha mi air tòiseachadh; dh'innis mi dha mar a bha cùisean leam roimhe, agus thug mi taing dha airson na bha e air dèanamh. Thug mi an uair sin flùraichean dha."

Còmhla ri Ms Moffat, bha neach-gnothaich, James Caan, a bhios air pannal prògram a' BhBC, 'Dragon's Den', a bha a' coimhead às a dèidh mar phàirt de dh'iomairt a' comharrachadh 25 bliadhna dhen prògram. Thuir Ms Moffat gun robh Mgr Caan air òrdugh a thoirt dhi airson flùraichean a dhèanamh airson gach tè dhe na h-oifisean aige, 's thuir i ris a' cho-labhairt, "Tha an taic agad air mo bheatha atharrachadh gu tur".

Thàinig an t-Urras còmhla ri 14 buidhnean òigridh eile, nam measg an NSPCC agus Barnardo, gus beachdan dhaoine air an òigridh atharrachadh. Bha grunn de chluicheadairean bàll-coise ann, nam measg Rio Ferdinand, a thadhail air pròiseactan an Urrais.

Tha an t-Urras an urra ri mòran de bhuidhnean compàirteachaidh eile gus a chuideachadh ann a bhith a' brosnachadh agus a' trèanadh dhaoine òga, agus, air Latha an Naoimh Seòrsa sa Ghiblean 2008, thug am Mòrachd Rìoghail taing dha na Feachdan Armaichte agus na seirbheisean èiginn airson na tha iad a' dèanamh dhan charthannas. Chomharraich am Prionnsa agus a' Bhan-diùc an latha le a bhith a' tadhal air aon dhe na stèiseanan poileis as trainge ann an Lunainn, far an deach iad air turas mu thimcheall a' ghoireis, agus far an do choinnich iad luchd-obrach agus òigridh a bha air pàirt a ghabhail ann am Prògram Sgioba Urras a' Phrionnsa. Chaidh caogad poileas fho-fhastadh chun an Urrais ann an 2008-09, daoine a bha air leth freagarrach airson an sgeama, air sgàth 's na bh' aca de dh'fhèin-fhiosrachadh, de sgilean agus de thrèanadh.

An dèidh an turais seo, chaidh am Mòrachd Rìoghail gu Lùchairt an Naoimh Seumas far an robh cothrom aca aoiagheachd a thoirt dha timcheall air 200 neach às na Feachdan Armaichte agus na seirbheisean èiginn. Thug seo cothrom dhan Phrionnsa taing a thoirt dhaibh airson an cuid obrach leis an Urras. Tha am Prionnsa a' creidsinn gu bheil daoine a tha aig a' cheann eile dhen cuid beatha 's iad a' ruith gnothachasan cuideachd airidh air cuideachadh, agus an-uiridh, chaidh compàirteachas £2 mhillean eadar carthannas PRIME a' Phrionnsa agus Stèidheachd Charthannach Banca Aimearaga a chur air bhog. Chan ann a-mhàin gu bheil Banca Aimearaga a' toirt taic dha luchd-tionnsgain nas sine le a bhith a' toirt comhairle dhaibh tro phrògram càirdeis gnothachasan, ach cuideachd bheir am banca cuideachadh dhan charthannas fhèin le gnìomhan cùil-oifis agus tro sheirbheisean airson an luchd-dèiligidh. Aig a' bhogadh, thuir am Prionnsa mun chompàirteachas: "Cuidichidh seo PRIME gus fiù 's àireamh nas motha de dhaoine nas sine a chuideachadh ann a bhith a' cur air chois nan gnothachasan aca, agus cuideachd, foillsichidh e agus gheibh e làmh an uachdair air feadhainn dhe na cùisean is an lèir-sheiseachadh a tha ag obrachadh an aghaidh dhaoine a tha nas sine na 50 bliadhna a dh'aois".

Comment: Among those The Prince met at the 25th anniversary of the Prince's Trust...

GNOTHACHAS CUNNTACHAIL

Le ùidh fad-ùine ann an cùisean coimhearsnachd agus a dh'ùth-cheanglaichean le ceannardan bho shaoghal gnothachais, tha Prionnsa na Cuimrigh ann an deagh shuidheachadh airson inbhe a chleachdadh gus taic a thoirt dha leasachadh iomairtean dleastanas corporra sòisealta air feadh na RA agus thall thairis. Tha e a' creidsinn gu bheil an comas aig an roinn phoblach diofar mòr a dhèanamh a thaobh mòran de na cùisean agus na trioblaidean a tha fa chomhair choimhearsnachdan.

Ma dh'fhaoidte gur e atharrachadh gnàth-shìde as cudromaiche de na trioblaidean sin, agus tha a Mhòrachd Rìoghail a' cumail air a' cleachdadh a cheanglaichean làidir le saoghal a' ghnòthachais gus obair corporra a bhrosnachadh airson an àrainneachd a dhìon.

Sa Chèitean 2008, chaidh am Prionnsa chun an dara cruinneachadh May Day air atharrachadh gnàth-shìde airson stiùirichean gnothachasan. Bha an cruinneachadh ag amas air a bhith a' toirt cothrom dha roinn a' ghnòthachais obrachadh còmhla gus na cuspairean a tha cudromach ann a bhith a' dèiligeadh ri atharrachadh gnàth-shìde an toiseach aithneachadh, agus an uair sin, cur romhpa gabhail riutha. Thàinig còrr is 1600 neach còmhla ann an 12 thachartas sgìreil air feadh na Rìoghachd Aonaichte airson cruinneachadh May Day, agus bha a Mhòrachd Rìoghail agus am Prìomh Mhinistear Gòrdan Brown aig a' mhòr-thachartas ann am prìomh oifisean BT.

Chan ann a-mhàin airson aon latha sa bhliadhna a tha iomairt May Day a' gabhail àite. Fo na buidhnean ann an Gnothachasan sa Choimhearsnachd, tha lìonra de chòrr is 1300 companaidh Bhreatannach - bho chompanaidhean eadar-nàiseanta gu companaidhean teaghlaich - air a thighinn ri chèile gus bruidhinn air modhan-obrach freagarrach agus airson ionnsachadh bho chàch a chèile mun phàirt a ghabhas iad ann a bhith a' lùghdachadh sgaoilidhean gualain na RA. Tha na buill dhen bhuidhinn - coithional a tha nas motha na buidheann ghnòthachasan sam bith eile, agus a tha dealasach a thaobh sgaoilidhean gualain a lùghdachadh - a' faighinn cuideachadh, taic agus na h-innealan a tha deatamach gus na sgaoilidhean gualain aca, agus na tha iad a' caitheamh de lùth, a lùghdachadh. Tha iad cuideachd ag ionnsachadh mar a sgaoileas iad fios mu na gnìomhan gualain ìseil aca.

Tha Prògram Gnothachas agus na h-Àrainneachd (BEP) a' Phrionnsa air fear dhe na h-iomairtean as sine airson seasmhachd ann an saoghal gnothachais. Tha am Prògram airson Stiùireachas Seasmhachd (CPSL) aig Oilthigh Cambridge ga ruith, agus 's e a Mhòrachd Rìoghail prìomh nach-taice na h-iomairte. Tha BEP a' faighinn aithne eadar-nàiseanta airson nan co-labhairtean aige a ruitheas gach bliadhna ann an sia àiteachan air feadh an t-saoghal. Bidh stiùirichean gnothachais air an tarraing thuca gus tuigse fhaighinn air na cunnartan ro-innleachdail agus na cothroman a tha co-cheangailte ri na dùbhlain shòisealta agus àrainneachail a tha fa chomhair air co-chomann.

Tha CSPL cuideachd a' ruith diofar iomairtean eile airson a Mhòrachd Rìoghail, nam measg Buidheann Stiùirichean Corporra a' Phrionnsa air Atharrachadh Gnàth-shìde (CLGCC), iomairt 'P8' a tha a' misneachadh roinn nam peinneanan gus obrachadh còmhla ri chèile airson dèiligeadh ri na dùbhlain co-cheangailte ri atharrachadh gnàth-shìde, agus 'ClimateWise', iomairt coltach ris an fhear mu dheireadh a tha ag amas air roinn an àrachais.

Chuir an CLGCC air dòigh co-labhairt aig Lùchairt an Naoimh Seumas san Iuchar 2008 airson prìomh stiùirichean gnothachais, agus aig an tachartas dh'ìarr am Prionnsa orra tighinn gu aonta eadar-nàiseanta gus sgaoilidhean gualain a lùghdachadh a bhiodh 'èifeachdach, buadhach agus cothromach'. Dh'aontaich Lord Stern, comhairliche Rìaghaltais na RA air Eaconomaigs Atharrachadh Gnàth-shìde agus Leasachadh eadar 2005-07, ris na thuirt am Prionnsa, a thug rabhadh gun robh "trioblaid uabhasach romhainn" mura coinnicheadh ri targaidean eadar-nàiseanta gus brùchdaidhean gualain a lùghdachadh ro 2050.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Prionnsa na Cuimrigh a' bruidhinn ri stiùirichean gnothachais aig Cruinneachadh Gnothachasan May Day a' Phrionnsa air Atharrachadh Gnàth-shìde aig Ionad BT ann an Lunainn, sa Chèitean 2008.

Prionnsa na Cuimrigh agus am Prìomh Mhinistear, Gòrdan Brown, aig Cruinneachadh Gnothachasan May Day a' Phrionnsa, sa Chèitean 2008.

Comment: ABOVE FROM TOP TO BOTTOM...

San Roinn Eòrpa, thug am Prionnsa spionnadh dha obair an CGLCC an-uiridh, nuair a thadhail a Mhòrachd Rìoghail air a' Choimisean Eòrpach sa Ghearran 2008. On uair sin, bha gnìomhachdan ann a bhith a' toirt taic dha Pasgan a' Choimisein Eòrpaich air Gnàth-shìde is Lùth gu mòr air bàrr a thoirt air obair an CGLCC. Mar phàirt dhen seo, chaidh litir fhosgailte a chur gu gach BPE agus gu Ceannard gach dùthaich san AE.

San Dùbhlachd 2008, thug an CGLCC 140 stiùirichean gnòthachais eadar-nàiseanta gu aonta a thaobh nam prìomh eileamaidean ann an aonta eadar-nàiseanta air atharrachadh gnàth-shìde. Chaidh an t-aonta fhoillseachadh fon ainm Communiqué Poznan air Atharrachadh Gnàth-shìde. San earrainn seo, tha na stiùirichean a' toirt nam beachdan aca a thaobh nam prìomh eileamaidean a tha iadsan a' smaoinneachadh a bu chòir a bhith sna còmhraidhean eadar-nàiseanta a ghabhas àite ann an Copenhagen san Dùbhlachd 2009.

Tha na buill de dh'Iomairt P8 a' Phrionnsa ri chèile an ceann còrr is \$3 trillean Aimearaganach de thasgaidhean. Tha am pròiseact a' miannachadh buaidh a thoirt air na buill 's gun cleachd iad na th' aca de chumhachd mar luchd-tasgaidh, agus an t-àite a th' aca san roinn phoblaich, gus cumadh a thoirt air poileasaidh eadar-nàiseanta agus air a' mhargaid gus dèiligeadh ri na dùbhlain agus na cunnartan a th' ann ri linn atharrachadh gnàth-shìde. B' e am Prionnsa a thug aigheachd aig an dara Cruinneachadh P8 san Iuchar 2008, far an do dh'aontaich an fheadhainn a bh' ann gun cumadh iad orra ag obrachadh còmhla nan gnòthachasan fhèin agus mar bhuidheann gus buaidh a thoirt air poileasaidh agus air margaidhean.

'S e ClimateWise an iomairt co-obrachaidh àrachais, a chaidh a stèidheachadh ann an 2007 le cuideachadh bhon Phrionnsa, gus na buill a mhisneachadh ann a bhith ag obair còmhla airson dèiligeadh ris an àireimh mhòr de chunnartan agus de chothroman a tha atharrachadh gnàth-shìde a' cur fan comhair. An-uiridh, thug a Mhòrachd Rìoghail cuireadh dha na buill gus cunntas a thoirt dhan bhuidhinn a thaobh na bhathar air coileanadh, agus fhuair e ath-sgrùdadh neo-eisimeil a mheas gnìomhachdan nam ball an aghaidh prionnsapalan ClimateWise. Shònraich an aithisg eisimpleirean de dheagh mhodhan-obrach a bu chòir an gnìomhachas air fad a thogail agus thug e co-dhùnaidhean air euchdan sònraichte agus air raointean air am feumadh cuimseachadh gu mòr sa bhliadhna a tha romhpa.

Leudaich an dòigh-obrach 'roinn air roinn' a th' aig a' Phrionnsa air togail co-bhanntachd ghnothachasan gus dèiligeadh ri atharrachadh gnàth-shìde an-uiridh le bogadh an LSA, Co-bhanntachd na Roinn Laghail. Chaidh an LSA, a th' air a dhèanamh air 18 prìomh chompanaidhean lagha, Urras Lagh Àrainneachail, agus an Comann Lagha, a chruthachadh ri linn a' chiad Chruinneachadh May Day ann an 2007. Tha buill LSA air aontachadh ri diofar thargaidean a chleachdas companaidhean na roinne laghail gus an lùghdachadh ann an gualan a thomhas 's iad a' gabhail os làimh mhodhan-obrach a tha nas seasmaiche a thaobh na h-àrainneachd.

Aig a' bhogadh, ann an Lunnainn, thuir a Mhòrachd Rìoghail gun robh e gu h-àraidh toilichte gun robh an roinn laghail air gabhail ris an iomairt. "Thar nam bliadhna, tha mi a' smaoinneachadh gu bheil mi air a h-uile leisgeul a chluinntinn mu mar nach fhaigh companaidhean air obrachadh còmhla", thuir am Prionnsa. "Bidh daoine fiù 's ag ràdh ma thòisicheas iad a' bruidhinn ri chèile gum bi armachd de luchd-lagha chompanaidhean às an dèidh airson dèiligidhean neo-fharpaiseach. Ach mas urrainn dhan roinn laghail fhèin a thighinn còmhla, chan eil leisgeul idir aig roinnean eile!"

GU H-ÀRD

Prionnsa na Cuimrigh, Neach-taice an CSPL, Prògram Oilthigh Cambridge airson Stiùireachas Seasmhach, aig bogadh aithisg Comhairle Siubhal is Malairt an t-Saoghail, 'Leading the Challenge on Climate Change', aig Taigh Clarence, sa Ghearran 2009.

Comment: ABOVE...

Tha na buill de dh'Iomairt P8 a' Phrionnsa còmhla an ceann còrr is \$3 trillean Aimearaganach de thasgaidhean.

Comment: Members of The Prince's P8 Initiative collectively manage over...

AN ÀRAINNEACHD THOGTE

Tha Prionnsa na Cuimrigh a' creidsinn gu bheil buaidh mhòr aig an àrainneachd thogte air inbhe beatha dhaoine, agus gun gabh barrachd dèanamh airson dachaighean, oifisean agus togalaichean poblach a chruthachadh a bhrosnaicheas faireachdainn coimhearsnachd agus moit san àite, ann a bhith a' toirt air adhart math nan daoine a tha a' fuireach an sin agus a' lùghdachadh thrioblaidean sòisealta aig an aon àm ri bhith a' cur ri barrachd seasmhachd àrainneachail.

'S ann gu sònraichte an urra ri Urras a' Phrionnsa airson na h-Àrainneachd Thogte a tha e na smuaintean seo a chur an gnìomh. 'S e carthannas foghlaim a th' ann, a stèidhich am Prionnsa ann an 1998, agus a thàinig às an Institiùd airson Ailtireachd a bh' ann an toiseach a bha e air stèidheachadh ann an 1992. Tha an carthannas ag ionnsachadh agus a' cleachdadh mhodhan-obrach maireannach agus eac-eòlachail ann a bhith a' planadh, a' deilbh agus a' togail. Suidhichte ann an Lunnainn an Ear, tha an carthannas a' gabhail pàirt ann an sreath de phròiseactan air feadh na RA agus thall thairis – bho ath-nuadhachadh bailteach agus leudachaidhean bhailtean gu leasachaidhean air raointean donn.

A bharrachd air a bhith ag obair mar cho-chomhairliche planaigh airson nan roinnean poblach agus prìobhaideach, tha an t-Urras ag ionnsachadh sgilean ann an leasachadh seasmhach tro bhuidhnean-obrach agus tro choinneamhan, agus tha e a' sgaoileadh eisimpleirean ùra de dhòigh-obrach tron lìonra fharsaing aige. Aig amannan, tha an carthannas a' dèanamh soilleir cho cudromach 's a tha an dà chuid innleachdas agus seann phrionnsapalan ann a bhith a' togail choimhearsnachdan soirbheachail.

Chaidh cuideam a leagail air na prionnsapalan a tha mar bhunait air obair an Urrais ann an òraid a' Phrionnsa aig co-labhairt bhliadhnaidh a' chathrannais, 'Globalization from the Bottom Up', a chaidh a chumail aig Lùchairt an Naoimh Seumas sa Ghearran 2009. A' frithealadh na co-labhairt, bha stiùirichean ghnòthachasan agus riochdairean à buidhnean neo-riaghaltasach is carthannais. Chaidh sgeamaichean bho air feadh an t-saoghail fhoillseachadh a tha a' togail, no ag ath-nuadhachadh àiteachan eachdraidheil no bochda, ann an dòigh a tha a' gabhail a-steach beachdan na coimhearsnachd agus fiosrachadh eachdraidheil. Bhruidhinn a Mhòrachd Rìoghail air cho feumail 's a bha e fuasglaidhean ionadail a chleachdadh airson duilgheadasan ann an coimhearsnachdan an t-saoghail. "Tha àiteachan a th' air an deagh dhèanamh deatamach gus cothroman a thoirt dha coimhearsnachdan fuasglaidhean ionadail a lorg airson nan suidheachaidhean aca fhèin - agus, gu dearbh, fuasglaidhean ionadail airson duilgheadasan eadar-nàiseanta." Lean am Prionnsa air le a bhith ag ràdh gun tàinig àiteachan-còmhnaidh dùthchail agus bailteach gu bith tro atharrachadh thar linntean, agus gun robh iad stèidhichte ann an dualchas nan àiteachan san robh iad – le àrainneachd thogte a bheireadh cothrom dha daoine dàimh a bhith eatarra.

Tha Urras a' Phrionnsa a' compàirteachadh ann am feadhainn dhe na pròiseactan sin, agus bhruidhinn am Prionnsa gu sònraichte air aon - sgìre Rose Town ann an Kingston, lameuga, far a bheil stiùirichean na coimhearsnachd a' feuchainn ri sgìre a th' air a mhilleadh le fòirneart nan treudan ath-nuadhachadh. Dh'innis Micheal Black, Ceannard Chomann Carthannach Rose Town, dha na riochdairean gun robh a' choimhearsnachd air a thighinn ri chèile gu mòr gus obrachadh air pròiseactan a bhiodh nam buannachdan dhaibh uile.

Chuala na riochdairean cuideachd mu phròiseact ann an Kabul, Afganastan, a tha ag ath-nuadhachadh Murad Khane - seann sgìre còmhnaidh agus malairteach sa phrìomh bhaile. Tha Turquoise Mountain, fear de charthannais a' Phrionnsa, a' gabhail pàirt ann an ath-nuadhachadh bailteach, agus tha e air iarraidh air an Urras airson na h-Àrainneachd Thogte prìomh phlana a chruthachadh gus an sgìre ath-bheothachadh. Thuir Said Zabihullay Majidi, Ceannard Ailtireachd Turquoise Mountain, ris an fheadhainn a bh' ann gun deach tunnaichean de sgudal a sgioblachadh bho shràidean an t-seann phàirt dhen bhaile, 's gun robh seo air àirde nan sràidean a lùghdachadh ochd troighean.

GU H-ÀRD

Prionnsa na Cuimrigh a' bruidhinn ri preantas 's e a' tadhal air Colaiste Cheàrdan Togail ann an Stratford, taobh an Ear Lunainn, sa Ghearran 2009.

Comment: ABOVE...

Chaidh cuideam a leagail air na prionnsapalan a tha mar bhunait obair an Urrais ann an òraid a' Phrionnsa aig co-labhairt bhliadhnaidh a' chathrannais, "Globalization from the Bottom Up", a chaidh a chumail ann an Lùchairt an Naoimh Seumas sa Ghearran 2009. A' frithealadh na co-labhairt, bha stiùirichean ghnòthachasan agus riochdairean à buidhnean neo-riaghaltasach is carthannais.

Comment: The principles underlying the work of the Foundation were emphasized in The Prince's...

Thuir e, "Tha mòran de mhuintir Afganastan a' smaoinichadh air bochdainn nuair a smaoinicheas iad air na seann phàirtean dhen bhaile - sgìrean a bha uaireigin ainmeil - an àite a bhith a' smaoinichadh air dualchas cultarail. Ann an dòigh, tha na toglaichean crèadh bristeach seo a' riochdachadh suidheachadh nan daoine a tha a' fuireach annta - bristeach, an ìre mhath eucomasach an sàbhaladh, ach gu h-iongantach, fhathast nan seasamh. Tha beagan dòchais fhathast air fhàgail, agus tha dàimh làidir aca fhathast ris a' choimhearsnachd agus ris an dualchas aca fhèin."

Tha pròiseact eile le blas eadar-nàiseanta sa bheil an t-Urras a' gabhail pàirt, 's e sin ath-thogail sgìre Chinatown ann an Lunainn. Sa Chèitean 2008, chuir an carthannas air chois buidheann-obrach dà latha "Enquiry by Design" còmhla ris a' choimhearsnachd Shinich. Nochd mòran bheachdan aig an tachartas a chuidicheas ann a bhith a' stiùireadh ath-nuadhachadh na sgìre seo, sgìre thrang agus shònraichte, a tha cho ainmeil ri Chinatown an àite san t-saoghal. Chaidh beachdachadh cuideachd air seann ealain Feng Shui nuair a chaidh an dealbhadh air fad a mheas.

Am measg co-dhùnaidhean na buidhne-obrach, bha gum feumadh Chinatown barrachd cheanglaichean fhaighinn eadar e fhèin agus na coimhearsnachdan mun timcheall, agus gum bu chòir dha eileamaidean de dh'fhìor dhualchas Sìneach a ghabhail a-steach airson gum biodh e soirbheachail san fhad-ùine. Thuir Comhairliche, Raibeart Davis, Ball Caibeanait Chomhairle Bhaile Westminster airson Planaidh, an dèidh na coinneimh, "Tha e deatamach gun obraich sinn còmhla ris a' choimhearsnachd ionadail gus deilbh a leasachadh a tha stèidhichte air dualchas na sgìre, agus a tha a' nochdadh cultar na coimhearsnachd Shinich a thàinig chun an àite seo an toiseach sna 1950an. Tha modh-obrach Urras a' Phrionnsa, 's e a' dol an sàs sa gnothach mar gum biodh le 'pàipear falamh', air a bhith air leth luachmhor gus beachdan agus miannan na coimhearsnachd fhaighinn, agus airson na 's urrainn dhuinn fhaighinn às a' phròiseas comhairleachaidh."

An-uiridh, thòisich fear eile dhe na carthannas a tha ag obair air a bhith a' leasachadh na h-àrainneachd thogte, Urras Ath-nuadhachaidh a' Phrionnsa (PRT), air Seann Lùchairt na Diùcachd ann an Lostwithiel, sa Chòirn, ath-thogail. Thathar dhen bheachd gur e seo an togalach meadhan-aoiseil saoghalta as sine san t-siorrachd, agus bha an togalach cudromach ann an gnothachas airson linntean. Tha dàimhean Rìoghail air a bhith aige o thùs, agus tha am PRT a-nise ag oidhirpeachadh gus an togalach liostaichte a ghleidheil, agus gus cleachdadh eaconamach agus seasmhach a lorg air a shon a bheir cothrom dhan t-sluagh faighinn thuige, oir 's e togail ionadail cudromach a th' ann.

Ach mur eil sgìlean aig luchd-ciùird airson obair fhreagarrach a dhèanamh ann an seann thoglaichean, chan eil e gu bhith comasach an ath-bheothachadh. Tha am Prionnsa, airson iomadach bliadhna, air a bhith a' moladh an fheum a th' ann airson cothroman trèanaidh anns na sgìlean ciùird traidiseanta. Sa Ghearran 2009, choinnich e ri foghlamaichean sgìleil ann an clachaireachd agus saorsainneachd nuair a thadhail e air Colaiste nan Ceàrdan Togail, ann an Lunnainn an Ear, a bhios a' tabhann chothroman trèanaidh ann an saorsainneachd spèisealta agus ann an clachaireachd a thuilleadh air cùrsaichean eile.

An dèidh dhan Phrionnsa tadhal air a' cholaiste, chaidh e gu seirbheis ceumnachaidh ann an Shoreditch airson a Phrògram fhèin ann an Sgeama nan Ceàrdan Togail. Tron chùrsa, fhuair na h-oileanaich cothrom obrach aig Poundbury, a' coimhead air an dealbhadh agus an togail de thogalach chur-seachadan airson dheugairean. Bha seo cuideachd a' toirt air adhart nan sgìlean aca ann a bhith ag obair air toglaichean dualchasach, leithid Taigh Killerton ann an Devon, agus Abaid Fountains ann an Siorrachd Iorc.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Prionnsa na Cuimrigh a' bruidhinn ri preantas Keir Grimshaw aig seirbheis ceumnachaidh airson Urras a' Phrionnsa airson na h-Àrainneachd Thogte ann an Shoreditch sa Ghearran 2009.

Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn 's iad a' tadhal air Chinatown ann am meadhan bhaile Lunainn, far a bheil an Urras airson na h-Àrainneachd Thogte a' toirt comhairle a thaobh ath-nuadhachadh na sgìre.

Comment: ABOVE FROM TOP TO BOTTOM...

FOGHLAM

Tha am Prionnsa a' creidsinn gu dùrachdach anns na prionnsabalan fad-ùine a tha nan stèidh airson gach deagh theagasg agus anns an rud ris an can e "na snàithleanan luachmhor a tha air na ginealaichean a cheangal bho riamh." Tha na prionnsabalan buan sin, agus creidsinn anns a' phàirt beairteachaidh is urrainn dha na h-ealain agus cultar a ghabhail ann am beatha dhaoine, aig meadhan obair carthannais a' Phrionnsa airson foghlaim agus nan ealain.

Sa phrìomh àite nam measg tha Institiùd Teagaisg a' Phrionnsa (PTI). Roimhe seo b' e Sgoil Samhraidh Foghlaim a bh' air – co-chonaltradh fad-seachdaine bliadhna dha tidsearan a ruith gu soirbheachail fad ceithir bliadhna eadar 2003-2007 – tha am PTI a-nis na charthannas foghlaim maireannach a tha a' tabhann trèanadh fad na bliadhna dha tidsearan ann an sgoiltean stàite.

An toiseach, b' ann a' cuimseachadh air na cuspairean Beurla, Eachdraidh agus Saidheans a bha am PTI, agus tha prìomh fheallsanachd am PTI dhen làn bheachd gu bheil aithne air cuspair, deagh obair sa chuspair, agus comas agus tlachd ann a bhith gan conaltradh deatamach airson teagaisg a tha èifeachdach; cuideachd gu bheil e feumail foghlam fhaighinn gu sònraichte mar pròiseas airson aithne agus tuigse fhaighinn, 's chan e a-mhain sgilean.

Tha raon obair PTI a' sior mheudachadh, agus an-uiridh, ri linn iarrtasan bho na tidsearan, chaidh dà chuspair ùr - Cruinn-eòlas agus Matamataig - a chur ris an liosta de chuspairean air an deidheadh bruidhinn aig Sgoil Samhraidh 2008.

Thuir co-stiùiriche am PTI, Bernice McCabe, gun deach Matamataig a chur ris an liosta de chuspairean air sgàth 's cho cudromach 's a bha e ann a bhith a' toirt comas dha daoine an saoghal mun timcheall a thuigse; agus gun deach Cruinn-eòlas a chur ris air sgàth 's mar a tha ùidh na h-òigridh sa chuspair a' leudachadh. Thuir i: "Tha prògraman telebhisein mu bheathaichean, mun àrainneachd agus mu dhùthchannan cèine a' glacadh aire òigridh. Tha seo a' toirt oirnn a bhith a' smaoinneachadh gu bheil iarrtas orra ionnsachadh mu Shaidheans, mu einnseanaireachd agus mu adhartasan meadaigeach cuideachd."

A bharrachd air a bhith ag amas air tidsearan agus air Cinn Roinnean, tha am PTI cuideachd air a bhith a' co-obrachadh le fear eile de charthannais a' Phrionnsa, Gnothachasan sa Choimhearsnachd, airson Ceannardan-sgoile a thoirt còmhla airson an cuideachadh ann an diofar dhòighean, nam measg leasachadh sgilean thidsearan agus ceannardas ann an sgoiltean. Dh'iarr am Prionnsa fhèin gun deidheadh co-labhairtean a chur air chois san Fhaoilteach agus san Dùbhlachd 2008, dam b' ainm 'What Works in Schools'. Thathas a' planadh co-labhairtean eile a chumail, mar thoradh iarrtas nan compàirtichean.

Cuideachd sa bhliadhna a dh'fhalbh, thadhail Prionnsa na Cuimrigh air sgoil ann an Lunainn an Ear gus tidsearan a tha a' gabhail pàirt san phrògram Teach First, dha bheil esan na fhear-taice, a choinneachadh. Tha Teach First a' fastadh cheumnaichean sònraichte bho na prìomh oilthighean, agus gan trèanadh gus teagasg ann an sgoiltean far a bheil ro bheag de dh'euchd agus aig a bheil duilgheadasan.

Nuair a thadhail a Mhòrachd Rioghail air Colaiste Teicneòlais Bethnal Green, a tha air leth soirbheachail an-diugh, ach a bha, aig aon àm, a' fàilingeadh gu mòr, choinnich a Mhòrachd Rioghail naoi tidsearan Teach First agus feadhainn dhe na stiùirichean gnothachais a tha a' gabhail pàirt sa phrògram, agus choimhead e air obair a bha na sgoilearan air dèanamh.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Prionnsa na Cuimrigh a' bruidhinn ris a' chleasaiche Sir Ian McKellan aig dinnear airson luchd-taic Urras a' Phrionnsa do Chloinn agus na h-Ealain aig Lùchairt Buckingham sa Ghiblean 2008.

Prionnsa na Cuimrigh a' coinneachadh oileanach 's e a' tadhal air Colaiste Teicneòlais Bethnal Green san Iuchar 2008.

Ban-diùc na Còirn a' coinneachadh ri sgoilearan agus luchd-obrach Sgoil is Colaiste Taobh Siar Shasainn do Chloinn le beagan no gun Fhradharc ann an Exeter sa Chèitean 2008.

Comment: ABOVE FROM
TOP TO BOTTOM...

Thàinig Ministear nan Sgoiltean, Lord Adonis, cuideachd chun an tachartais, agus thuir e gum biodh e na chuideachadh dha "Teach First a' nochdadh mar phrìomh intitiùd nàiseanta" gun deach am Prionnsa a chur an dreuchd mar phrìomh Neach-taice air Teach First.

A bharrachd air a' PTI, tha carthannas eile aig a' Phrionnsa, Sgoil Tarraing a' Phrionnsa. Tha a' bhuidheann seo a' cuimseachadh air tarraing dhealbhan ionnsachadh mar chàinnt bheò is bheòthail, agus aig a' bheil prìomh àite ann a bhith a' tuigse agus a' measadh ealain agus ailtireachd. Tha Shoreditch, cridhe coimhearsnachd chruthachail Taobh an Ear Lunainn, stèidhichte ann an seann bhatharnach a chaidh a dhèanamh an-àirde, agus an seo, gheibhear raon farsaing de chùrsaichean, nam measg clasaichean foghlaim anns na stiùdiothan, ann an taighean-tasgaidh na dùthcha, agus ann an ionadan eile. Tha iad cuideachd a' ruith bhùthan-obrach aig na saor-làithean, agus prògraman coimhearsnachd. Gach seachdain, tha 400 oileanach a' gabhail pàirt ann an clasaichean aig an sgoil.

Tha e na amas aig a' charthannas, Urras a' Phrionnsa airson Chloinne is nan Ealain, foghlam a thoirt dha oileanaich òga, agus tha iad a' miannachadh cothrom a thoirt do chloinn agus do dh'òigridh pàirt a gabhail anns na h-ealain as fheàrr a th' ann. Tha an carthannas, a tha a' creidsinn gu bheil ealain ag atharrachadh beatha dhaoine agus gu bheil ealain deatamach am measg dhaoine, a' cuimseachadh gu sònraichte air clann nach fhaigheadh an cothrom ann an dòigh sam bith eile gus a bhith a' gabhail pàirt anns gach riochd de ealain - dannsa, dealbh-chluich, opera, litreachas agus na h-ealain faicsinneach.

Sa Ghiblean 2008, chaidh dinnear gàla a chumail ann an Lùchairt Buckingham, le Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn a' toirt aogheachd, gus taing a thoirt dha luchd-taic a' charthannais. An dèidh làimh, chaidh am Mòrachd Rìoghail agus na h-aoghean dhan t-seòmar-dhannsa gus cuirm a choimhead, anns an robh leithid Jeremy Irons, Jude Law, Ian McKellan agus Orcastra Philharmonia a' gabhail pàirt, còmhla ri cleasaichean bhon deilbh-chiùil Billy Elliot.

Ghaibh Urras a' Phrionnsa airson Chloinne is nan Ealain pàirt ann an subhachas 60mh co-là-breith a' Phrionnsa cuideachd san t-Samhain 2008, oir dh'iarr iad air fhèin agus air a' Bhan-diùc tighinn gu cuirm-chiùil ann an Talla nam Flùraichean aig Covent Garden, is an Orcastra Philharmonia a' cluich.

San Fhaoilleach 2009, thill a' Mhòrachd Rìoghail gu Covent Garden mar Neach-taice an Opera Rìoghail, agus mar Cheannard air a' Bhallet Rìoghail, gus an coimhead a' ro-chluich The Flying Dutchman, le Bryn Terfel, agus gus am Ballet Rìoghail fhaicinn a' ro-chluich DGV: Danse à Grande Vitesse. Fhad 's a bha am Prionnsa ann, choinnich e ri sgoilearan à Southwark a bha a' gabhail pàirt ann am prògram foghlaim an Taighe Opera, Chance to Dance, a tha a' toirt dannsa ballet gu 46 sgoiltean air feadh Lunainn gus an cothrom a thoirt dhaibh ballet fheuchainn.

Dà mhìos an dèidh seo, leudaich am Prionnsa a chuid taice dha na h-ealain, nuair a ghabh e suidheachadh Neach-taice an Taighe Opera Rìoghail e fhèin.

Sa Chèitean 2008, chunnaic Ban-diùc na Còirn obair Sgoil agus Colaiste Shasainn an Iar airson Chloinne le beagan no gun Fradharc, 's i a' tadhal air Exeter, Devon. Ghabh a' Mòrachd Rìoghail turas mun ionad, a tha 170 bliadhna a dh'aois, far an do choinnich i ri tidsearan agus sgoilearan, agus cuideachd fhuair i cothrom air siostam ùr fhaicinn airson dol tarsainn an rathaid - siostam a thathas a' cleachdadh anns an ionad gus oileanaich a chuideachadh a thaobh chunnartan rathaid. Bha beachd na Ban-diùc air an obair a chunnaic i an sin cho math 's gun do dh'aontaich i gabhail ris an dreuchd Neach-taice na Sgoile.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Clàrsair oifigeach Phrionnsa na Cuimrigh, Claire Jones, a' cluich aig cuirm-chiùil aig an Taigh Opera Rìoghail ann an Lunainn, san t-Samhain 2008

Prionnsa na Cuimrigh, Ceann-suidhe a' Bhallet Rìoghail agus Stiùiriche a' Bhallet Rìoghail, Monica Mason, a' coimhead air dannsairean ballet, Melissa Hamilton agus Rupert Pennefather, aig an Taigh Opera Rìoghail san Fhaoilleach 2009.

Comment: ABOVE FROM TOP TO BOTTOM...

SLÀINTE

Tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith an sàs o chionn fhada le iomadh buidheann cùram slàinte eadar-dhealaichte, nam measg ospadalan agus ospaisan a tha e a' cuideachadh le taic phearsanta, maoinneachadh agus le bhith a' tadhal orra gu cunbhalach. 'S fhada bho mhol e dòigh aonaichte airson dèiligeadh ri cùram slàinte. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' cur cudrom air bacadh agus dèiligeadh ri na h-adhbharan sòisealta is àrainneachail airson euslaint, a thuilleadh air a bhith a' cleachdadh slànachadh co-phàirteach còmhla ri cungaidhean-leighis gnàthach gus fìor shlàinte a chruthachadh seach a bhith dìreach a' dèiligeadh ris an tinneas.

Tha am modh-gabhail seo aig teis-meadhan obair Urras a' Phrionnsa airson Slàinte Aonaichte (FIH), carthannas a stèidhich am Prionnsa ann an 1993 gus solar cùram slàinte aonaichte àrdachadh agus taic a chur ris. Bha e cudromach dhan charthannas, gun deach compàirteachas a dhèanamh eadar an carthannas agus a' bhuidheann Ameireaganach, Bravewell Collaborative. Sa Ghearran 2009, chaidh luchd-obrach aig FIH gu Sumait bhliadhnaile Bravewell ann an Washington DC, far an cuala iad mar a tha cùram-slàinte aonaichte a' cuideachadh easlainteach agus dotairean ann an Ameireaga agus sa cho-chomann san fharsaingeachd, gus dèiligeadh ri duilgheadasan a tha a' nochdadh air sgàth 's mar a tha tinneas fad-ùine a' meudachadh.

Chaidh an sumait a chur air dòigh le Bravewell agus Institiùd Iocshlàint, prìomh bhuidheann saidheansail Ameireaganach airson iocshlàint. Am measg na chaidh a dheasbad aig an t-sumait, chaidh bruidhinn air cùram a tha a' cuimseachadh air an easlainteach, bunait shaidheansail airson iocshlàint aonaichte, agus cùram a tha stèidhte air prionnsabalain.

Tha Prionnsa na Cuimrigh gu tric a' tadhal air ospadalan na Seirbheis Slàinte Nàiseanta (NHS) gus misneachadh a thoirt dhaibh a thaobh cùram aonaichte, agus bha an 60mh co-là-breith aig an t-seirbheis air leth cudromach sa bhliadhna a chaidh seachad. Mar phàirt dhen seo, chaidh am Prionnsa gu seirbheis aig Abaid Westminster san Iuchar 2008, agus aig an t-seirbheis, aig an robh ceudan de luchd-obrach an NHS - feadhainn a bh' ann uaireigin, agus feadhainn eile a th' ann fhathast, bhruidhinn am Prìomh Ministear, Gordan Brown, air an t-seirbheis mar 'an taisbeanadh as uaisle de ghnè ar dùthcha'.

Dh'fhosgail an NHS ionad-slàinte airson cùram aonaichte ann an Culm Valley, Devon, san t-Sultain 2008, agus bha Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn nam prìomh aoighean aig a' bhogadh. Tha raon farsaing de sheirbheisean rim faighinn san ionad, nam measg, dotairean, seirbheisean banais-ghlùine, ionad èiginn agus leasaichean co-phàirteach.

Tha Ban-diùc na Còirn cuideachd a' toirt taic dha diofar charthannasan slàinte. Nam measg, tha i na Neach-taice air: Trinity Hospice, a tha a' toirt cùram dha inbhich aig deireadh am beatha; Helen & Douglas House, a tha a' coimhead an dèidh chloinne is òigridh aig a bheil tinneas a bheir bàs dhaibh aig àm air choireigin; agus Ionadan Cùraim Aillse ris an canar Maggie's. 'S e an dreuchd as ainmeile a th' aice gu bheil i na Ceannard air Comann Nàiseanta Osteoporosis, agus sa Ghearran 2009, dh'fhosgail i leudachadh £1.6 millean ri prìomh ionadan a' Chomainn ann am Bath. An seo, dhuaisich i a' chiad Duais Ban-diùc na Còirn airson obrach ann an rannsachadh osteoporosis. Chaidh an duais dhan Àrd-ollamh Cyrus Cooper.

San aon mhìos, thug a Mòrachd Rìoghail misneachd dha nighnean sgoil Hampstead a bha a' togail airgead airson a' charthannais le a bhith a' gabhail pàirt ann an cuairt Big Bone. Mar thè a bha roimhe air pàirt a ghabhail sa chuairt, mhol a' Bhan-diùc sgoilearan òga a bha air crìoch a chur air a' chuairt a mhair 40 mìonaid, agus thug i sticearan dhaibh airson an cuid oidhirpean.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Prionnsa na Cuimrigh a' bruidhinn ri Dr Bernie Ramsahoye agus an sgioba aige, 's e a' tadhal air Aonad Aillse Broillich ùr, Breakthrough, anns an Western General Hospital, an Dùn Èideann san Ògmhios 2008.

Prionnsa na Cuimrigh a' bruidhinn ri Chelsea Pensioner 's e air turas air an ospadal ùr aig an Royal Chelsea Hospital, ann an Chelsea, Lunainn, sa Mhàrt 2009.

Ban-diùc na Còirn a' bruidhinn ri sgoilearan san Sgoil Rìoghail, Hampstead, Lunainn, 's iad a' gabhail pàirt sa chuairt 'Big Bone' gus airgead a thogail airson Comann Nàiseanta Osteoporosis, sa Ghearran 2009.

Comment: ABOVE FROM TOP TO BOTTOM...

IOMAIRT SHÒISEALTA

Tha Prionnsa na Cuimrigh air a chreidsinn o chionn fhada gun urrainn dha gnothachasan soirbheachadh agus aig an aon àm frithealadh do dh'ùidhean sòisealta is àrainneachail nas fharsainghe. Tha am beachd nach eil dleastanas sòisealta corporra agus a' dèanamh prothaid fada bho bhith a' co-aontachadh le chèile air a shealltainn le soirbheachadh gnothachas a Mhòrachd Rìoghail fhèin, Duchy Originals.

Chaidh Duchy Originals a chruthachadh ann an 1990 gus 'cearcall subhailceach' a chruthachadh le companaidh a tha a' dèanamh phrothaidean airson carthannasan le a bhith a' reic biadh agus stuthan eile a tha nàdarra agus de dheagh inbhe, agus, aig an aon àm, a' cuideachadh ann a bhith a' dìon agus a' gleidheil na h-àrainneachd, agus a' toirt taic dha tuathanaich.

Tha a' bhliadhna a th' air a dhol seachad air a bhith trang airson na companaidh, le diofar dhùbhlàn. Tha amannan duilich air a bhith ann airson bidh fhàs-bheartaich agus tha a' chompanaidh air a bhith a' tasgadh ann an raon de bhathar ath-chruthaichte, ann an dealbh-aithne ùr, agus ann an dà raon ùr neo-bhiadhach - siol fàs-bheartach agus tinctiuran luibheach, agus tha an dà chuid air a bhith air leth soirbheachail. Ged a tha buaidh air a bhith aig a' phrògram bhunaiteach seo de thasgadh air prothaid, tha Duchy Originals làn dhen bheachd gu bheil am prògram deatamach airson prothaideachd na companaidh sna làithean a tha romhpa.

O chaidh Duchy Originals a stèidheachadh, tha am Prionnsa air 'iomairtean sòisealta' eile a chur air dòigh gus obrachadh mar ghnòthachasan malairteach airson carthannais a' Phrionnsa a mhaoinneachadh.

Nam measg, tha Turquoise Mountain Arts, meur mhalairteach Urras Turquoise Mountain, carthannas a cho-shuidhich am Prionnsa gus cuideachadh le ath-bheothachadh eaconamach, sòisealta agus cultarach pàirt de phrìomh bhaile Afganastan, Kabul. Tha an gnìomhachas a' lorg mhargaidean airson nan stuthan-ciùird a th' air an dealbhadh agus air an dèanamh aig an aon ionad airson ealain thraidiseanta Afgan ann an Afganastan, agus 's e an carthannas a tha ga ruith. Tha an t-ionad cuideachd a' toirt trèanadh dha luchd-ealain, 's gan ullachadh airson soirbheachais nan dealbhadairean agus nan luchd-gnothachais.

Tha cùisean coltach ri sin cuideachd aig Traditional Arts Eta, meur mhalairteach Sgoil a' Phrionnsa airson Ealain Thraidiseanta, carthannas a tha stèidhichte ann an taobh an Ear Lunainn, agus a tha ag ionnsachadh sgilean ealain agus ciùird traidiseantan nan creidmheach bho gach ceàrnaidh dhen t-saoghal. Tha a' chompanaidh a' reic chruinneachaidhean de dh'obair-chrèadha, de ghlainne, de dh'airgead agus stuthan sgeadaichte eile a tha stèidhichte air dealbhachadh nan oileanach agus alumni na Sgoile.

Leudaich Bùth Highgrove an-uiridh cuideachd nuair a dh'fhosgail i ionad-reic ann an Tetbury, Gloucestershire. Tha Bùth Highgrove air a bhith a' dol iomadach bliadhna a' reic stuthan dha daoine a bha a' tadhal air na gàrraidhean, agus a-nise, tha a' bhùth ùr a' reic raon nas fharsainghe de stuthan, agus tha i fosgailte seachd latha san t-seachdain. Tha i air a bhith air leth soirbheachail sa chiad bliadhna, agus tha i air cur gu mòr ri baile Tetbury agus ri na gnothachasan ann, le a bhith a' toirt barrachd luchd-turais dhan bhaile. Tha stuthan Highgrove cuideachd rim faighinn air-loidhne aig www.highgroveshop.com. Tha na prothaidean air fad bhon bhùth ùr agus bhon ionad-reic ùr a' dol gu Urras Charthannais a' Phrionnsa.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Crèadhadaireachd a rinn luchd-ciùird Afghan, agus a th' air a reic tro Turquoise Mountain Arts

Bùth Highgrove ann an Tetbury. |

Comment: ABOVE FROM TOP TO BOTTOM...

